

[Page 30 - Joe MacNeil's Wonderful Story-conclusion: Iain Mac An Iasgair Mhoir](#)

ISSUE : [Issue 17](#)

Published by Ronald Caplan on 1977/8/1

Joe MacNeil's Wonderful Story-conclusion In Issue 16 Joe MacNeil told us the first part of this story, in which the Big Fisherman makes a deal with a sea-maiden to trade his son for success at fishing • but he does not want to give up the son, Iain. So Iain takes off to be far from the ocean and the sea-maiden, becomes a cow-herder for a king and, seeking good grazing, manages to kill 3 three-headed giants and their horrible hag of a mother. And as each giant dies he wins from him a suit of armour and a marvelous horse. And killing the hag of a mother, he wins chests of gold and silver and jewels. But returning to the barnyard, where he is usually greeted with joy, he finds the milkmaid in tears "What is so wrong this evening?" Iain said.... Iain Mac An Iasgair Mhoir "Gu de," ors' Iain, "tha cearr air an fheasgar 'tha 'seo gu bheil a h-uile sian a' coimhead cho mi-shunndach. cho trom-inntin-neach?" "O," ors' ise, "tha aig nighean a' rìgh ri dhol a dh'ionnsaidh an loch, agus beist a* tighinn as an loch," ors' ise. "A h-uile bliadhna tha a' bhl'ist ud a' tighinn as an loch agus tha te dhe na h-igheannan a th'anns a'"rioghachd aice ri fhaighinn gus a h-ithe. Agus *s e an doigh a bh'aca mu dheireadh anns a' rioghachd a bhi a' tilgeadh chrann • tagh? adh chrann • feuch co t' dhe na h-igheannan a dh'fheumadh falbh, agus 's ann air air nighean a' rìgh a thuit na cruinn air an turus seo. Feumaidh an nighean falbh," ors' ise, "agus suidhe shuas aig ceann ard an loch air leac agus a bhi ann a' sin gus an tig a' bheist." "Cha'n fhaoidte a bhi." ors' esan. "gu bheil iad a' dol a leigeadh leis a' bheist nighean an rìgh a thoirt leis. A bheil idir," ors' esan. "aon ann a shabhaileas nighean an r'gh?" "O," ors' ise. "cha'n fhaod a h-aon a' dhol ann ach tha 'n gaisgeach a's fhèarr 's a's motha a th'anns an duthaich a' dol a dh'fheuchainn ri a s'kbhaladh." Co-dhiubh bha ise 'na suidhe shìos air leac 's bha 'n gaisgeach am falach air eagal 's gu faiceadh a* bheist e 's nach tigeadh i 'n airde. Thug ise suil agus chunnaic i ridire a' tighinn air each dubh agus bha e 'tighinn anuas as an iarmailt 's a dh'fhalbhadh e air tal? amh agus anuas a bha e. Stad e air a* chladach ri 'taoibh. Leum e anuas bh rr na diollaid* agus chaidh e a null a sheanachas rithe agus dh*fhoighneachd e dhi gu d' chuir an seo i agus dh'inns' i dha mar a bha cuisean. "Agus a bheil idir," ors' esan. "a h-aon ann a dh'fheuchas ri d' shabhaladh?" Iain the Big Fisherman's Son "What is so wrong this evening," said Iain, "that everything looks so cheerless and melancholy?" "O." she said, "the king's daughter must go to the loch where a monstrous beast will come out of the loch (to meet her). Every year the monster emerges from the loch. suid gets one of the girls in the kingdom to eat. Finally it has become their custom in the kingdom to cast lots to see which one of the girls must go, and this time it fell to the king's daughter. She must go," she said, "and sit on a flat rock at the upper end of the loch and remain there until the monster comes." "It cannot be," said Iain, "that they'll let the monster take away the king's daughter! Is there anyone at all who can save her?" Thuirt i gu robh an gaisgeach a bh'fhèarr a bh'anns an dilthaich, gu robh e ann ach gu robh e 'm falach gus an tigeadh a' bheist. Thuirt e gu fuirgheadh esan airson cuideachadh a thoirt dhi • airson a sabh-aladh • 's gu rachadh e eadar i 's a' bheist. "O," ors' ise, "cha'n fhaod thu a bhi ann a* seo. Ma chi a' bheist thu ann



a* seo," ors' ise, "cha tig i idir." "0," she answered, "none may go there, but the best and greatest warrior in the country is going to try to save her." Anyway, the princess was sitting down on the flat rock and the warrior had concealed himself for fear that the monster would see him and would not emerge. She looked up and saw a knight approaching, on a black horse, coming right out of the sky. The horse was travelling as fast in